

The Burrell Collection



1.

Vàsa Warwick – A' Chùirt-lios

Bhiodh càraidean fireannach cumanta san Ròimh Àrsaidh. Bha an t-Ìmpire Hadrian an gaol le fear òg air an robh Antinous agus thaisbean iad an gaol a bha eatorra air beulaibh a' phobaill gu pròiseil.

Bhris bàs Antinous cridhe Hadrian. Dh'iarr Hadrian air neach-ealai ìomhaigh Antinous a shnaidheadh 's chuir e sa ghàrradh aige e mar chuimhneachan.

Chaidh a' vasa marmoir mòr seo a lorg sna gàrraidhean aig Villa Hadrian ann an 1771, ri taobh ìomhaigh Antinous.



2.

Lan Caihe – Na Gailearaidhean a Tuath

'S e aon dhen Ochdnar Neo-bhàsmhor a th' ann an Lan Caihe, buidheann de ghaisgich às an t-Sin Àrsaidh, gach aon dhiubh le an sàr-chumhachd fhèin.

'S e toirt air falbh draghan an t-sàr-chumhachd a th' aig Lan Caihe, ag obair a-chùm math dhaoine leis an t-seachdnar neo-bhàsmhor eile.

Chan eil gnè Lan Caihe soilleir, uaireannan tha coltas fireann no boireann aige agus aig amannan eile, tha e gun ghnè follaiseach idir.

Nam biodh sàr-chumhachd agad fhèin mar a th' aig Lan Caihe, dè a' chumhachd a thaghadh tusa agus carson?

Dìleaban gaoil

Slighe eachdraidh LGDTC+
aig Cruinneachadh MhicBhurail

Fàilte gu slighe Teaghlach LGDTC+
(leasbach, gèidh, dà-sheòrsach,
tar-ghnèitheach, cuèir +)
aig Cruinneachadh MhicBhurail
far an urrainn dhut sgeulachdan sluagh
LGDTC+ nan làithean a dh'aom a
rùrachadh is a chomharradh
tro na h-oibseactan againn.

freagair a-staigh an seo

Chì thu na sgeulachdan seo
a thagh sinn air feadh
bun-ùrlar an taighe-thasgaidh.
Gheibh thu mapa aig an
ionad-fhàilte cuideachd
no iarr stiùireadh-slighe air gin
dhe na cuidichean
gailearaidh againn.

3.

Naomh Sebastian – Na Gailearaidhean a Tuath

Chaidh binn bàis a leagail air Naomh Sebastian leis na Ròmanaich a chionn 's gur e Crìosdaidh a bh' ann. Chaidh a cheangal ri craobh is chuir iad saighdean ann – ach mhair e beò!

Tha dlùth-fhaireachdainn aig mòran dhaoine LGDTC+ ri Naomh Sebastian oir tha e a' cur na leth-bhreith a dh'fhuiling iad fhèin nan cuimhne. 'S e ìomhaigh ghèidh a th' ann an Naomh Sebastian do chuid a dhaoine 's bhrosnaich e feadhainn gu obair-ealain.

Tha meas aig cuid air dè cho so-mheanmnach 's a bha Naomh Sebastian – dè an neach air a bheil meas mòr agad fhèin agus dè na buadhan aca air a bheil meas agad?



Tha fios againn nach eil boireannach sam bith air an t-slighe teaghlaich LGDTC+ againn. Chan eil sinn airson toirt nur sùilean nach eil iad ann no cudromach – ach dìreach nach d' fhuair sinn lorg orra fhathast. Nì sinn ath-rannsachadh air na cruinneachaidhean againn gu cunbhalach an tòir eachdraidhean falaichte eile. Tha sinn an dòchas gun do chòrd seo riut!



4. Iorcal – Gailearaidh nan Sgeul

Fàilte gu Gailearaidh nan Sgeul againn, àite far an urrainn dhut innse dhan luchd-ghràidh agad fhèin dè na sgeulachdan air a bheil gràdh agad fhèin agus cò bu toil leatsa a bhith!

Bha Iorcal mac Zeus, dia àrsaidh nan Greugach, ainmeil air a shàr-neart is misneachd.

Dh'fhalbh Iorcal air iomadh dàna-thuras agus tha fhios gun robh an dà chuid leannain bhoireann is fhireann aige.

